

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Auchenflower

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,356. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 1,052 corresponds to Litir 1,356. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

Nuair a bha mi a' fuireach ann an Astràilia, mhothaich mi gun robh àiteachan gu leòr ann a bha a' giùlan ainm a bhuineadh do dhualchas nan Gàidheal. Ann an Tasmania, mar eisimpleir, tha beanntan ann air a bheil Ben Nevis agus Ben Lomond.

Ann an Sydney, tha fo-bhailtean ann le ainmean Albannach. Gu tric, bha an t-ainm air a chur air taigh mòr no oighreachd. Nuair a chaidh am mòr-bhaile am meud, ghabh am fo-bhaile ùr ainm na h-oighreachd. Seo eisimpleirean a bhuineas do dhualchas nan Gàidheal: *Balmoral, Blair Athol, Campbelltown* agus *Kyle Bay*.

Mar as trice, chan eil an t-ainm agus coltas na tìre a' tighinn a rèir a chèile mar a bhitheadh ann an Alba. Ge-tà, tha aon àite ann far a bheil an t-ainm stèidhichte, a rèir choltais, air cruth na tìre. 'S e sin Inverloch, no 'Inverlock' mar a chanas muinntir Astràilia ris. Tha e air a' chladach ann am Bhictoria. Tha am baile suidhichte aig beul cumhang loch-mara ris an canar '*Anderson Inlet*'. B' e an t-Albannach, Samuel Anderson, a' chiad Eòrpach a chaidh a dh'fhuireach anns an sgìre anns an naoidheamh linn deug. Do Ghàidheal, tha an t-ainm a' dèanamh ciall.

'S e a thug orm beachdachadh air a' chuspair seo aithris mu fhèis Cheilteach a chaidh a chumail an-uiridh ann am Brisbane, prìomh bhaile Tìr na Banrigh. Thàinig daoine còmhla airson cultar nan ochd dùthchannan Ceilteach a chomharrachadh – ceòl, danns' agus spòrs. Ochd dùthchannan? Seadh – Alba, Èirinn, a' Chuimrigh, A' Bhreatainn Bheag, Eilean Mhanainn agus a' Chòrn – agus cuideachd Asturias agus Galicia.

Bha an fhèis ann am pàirc far a bheil carragh-cuimhne ann do na dùthchannan Ceilteach. Agus tha a' phàirc ann an sgìre ris an canar *Auchenflower*. 'S e sin ainm Gàidhealach à Alba. Thuirt an fheadhainn a chuir an fhèis air dòigh gun robh e iomchaidh a cumail ann an àite le ainm Ceilteach a tha a' ciallachadh '*field of flowers*'.

Tha dà àite ann an Alba air a bheil Auchenflower mar ainm. Tha iad san iar-dheas ann an seann Ghàidhealtachd Charraig agus Ghall-Ghàidhealaibh. Tha fear dhiubh deas air Cill Chuithbeirt no *Kirkcudbright* ann an Gall-Ghàidhealaibh. Tha an t-Suirbhidh Òrdanais a' dearbhadh gu bheil an t-ainm a' tighinn bhon Ghàidhlig ***Achadh nam Flùr*** '*the field abounding in flowers*'.

Tha am fear eile tuath air sin, ann an Carraig, sear air Baile na Tràgha no *Ballantrae* ann an Siorrachd Àir a Deas. 'S e oighreachd a bh' ann a bha leis an teaghlach aig Tòmas Mac Ille Riabhaich no McIlwraith – seann ainm Gàidhealach a

bhuineas do Charraig. Cheannaich Tòmas taigh ann am Brisbane ann an ochd ceud deug is ochdad (1880). Chuir e an t-ainm Auchenflower air. Bha Tòmas na Phrìomhaire ann an Tìr na Banrigh.

Tha eachdraidh mhòr aig an taigh. Bha trì ùir phrìomhairean a' fuireach ann mus deach a ghluasad, an toiseach gu taigh-tasgaidh fosgailte, agus an uair sin gu sgìre eile. Ach dh'fhàg e ainm Gàidhealach às a dhèidh – agus dualchas a tha iomchaidh airson fèis Cheilteach anns an latha an-diugh.

* * * * *

Faclan na Litreach: Astràilia: *Australia*; fo-bhailtean: *suburbs*; Bhictoria: *Victoria*; carragh-cuimhne: *memorial*; Cill Chuithbeirt: *Kirkcudbright*; Baile na Tràgha: *Ballantrae* ('beach town'); Siorrachd Àir a Deas: *South Ayrshire*; Tòmas Mac Ille Riabhaich: *Thomas McIlwraith*.

Abairtean na Litreach: mhothaich mi gun robh àiteachan gu leòr ann: *I noticed that there were many places*; a bha a' giùlan ainm a bhuineadh do dhualchas nan Gàidheal: *that carried a name that belonged to the heritage of the Gaels*; nuair a chaidh am mòr-bhaile am meud: *when the city expanded*; ainm na h-oighreachd: *the name of the estate*; suidhichte aig beul cumhang loch-mara ris an canar X: *situated at the narrow mouth of a sea loch called X*; a' chiad Eòrpach a chaidh a dh'fhuireach anns an sgìre anns an naoidheamh linn deug: *the first European who went to live in the area in the nineteenth century*; tha an t-ainm a' dèanamh ciall: *the name makes sense*; 's e a thug orm beachdachadh air a' chuspair seo: *what made me consider this subject*; aithris mu fhèis Cheilteach a chaidh a chumail an-uiridh: *a report about a Celtic festival that was held last year*; prìomh bhaile Tìr na Banrigh: *the capital of Queensland*; gun robh e iomchaidh a cumail ann an àite le ainm Ceilteach: *that it was fitting that it be held in a place with a Celtic name*; san iar-dheas ann an seann Ghàidhealtachd Charraig agus Ghall-Ghàidhealaibh: *in the south-west, in the old Gàidhealtachd of Carrick and Galloway*; bha Tòmas na Phrìomhaire: *Thomas was the Premier*; bha trì ùir phrìomhairean a' fuireach ann mus deach a ghluasad, an toiseach gu taigh-tasgaidh fosgailte: *three premiers lived in it before it was moved, initially to an open-air museum*.

Puing-chànain na Litreach: Achadh nam Flùr: *literally 'the field of the flowers'*. In modern Gaelic we might call it 'achadh nam flùraichean' but this name, coined centuries ago, uses an older model (which still exists), in the which the genitive plural form of a noun is the same as the nominative singular form, as long as the final vowel is broad. It's interesting how the Scots flooker (cf. English 'flower') gave us Gaelic flùr which in this place-name (Auchenflower) has been reanglicised to flower.

Gnàthas-cainnt na Litreach: chan eil an t-ainm agus coltas na tìre a' tighinn a rèir a chèile mar a bhitheadh ann an Alba: *the name and the appearance of the land are not aligned, do not concur as they would in Scotland*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA